

Nota den mhodh-obrach sgrìobhte a chaidh a chleachdadh sa Ghearran 2026

“Loch nam Madadh”

Aig coinneamh a’ Bhùird air 18/9/25, chaidh cead ann am prionnsabal a thoirt seachad fo Riaghailt Ionmhasail C.5.2 airson “Loch nam Madadh”. Chaidh aontachadh: (i) gum biodh am Bòrd air a chumail fiosraichte mu adhartas suidheachadh a’ mhaoineachaidh; agus (ii) gum biodh ùghdarras foirmeil a’ Bhùird air a shireadh nuair a bhiodh a h-uile càil na àite gus seo a dhèanamh.

Aig coinneamh a’ Bhùird air 4/12/25, thug oifigearan fiosrachadh air adhartas. Air 5/2/26 chaidh innse do dh’oifigearan gu robh am pasgan maoineachaidh a-nis na àite, a’ ciallachadh gun robh am pròiseact comasach air a dhol air adhart mar a bha dùil.

Air 17/2/26, dh’iarr Ceannard Gnìomhachais air a’ Bhòrd caiteachas air “Loch nam Madadh” aontachadh tro Mhodh-obrach Sgrìobhte. Chaidh an Rùn gus caiteachas air “Loch nam Madadh” aontachadh fo Riaghailt Ionmhasail C.5.2 aontachadh gu h-aon-ghuthach.